

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Caisteal Chill Ràthaig (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,252. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 948 corresponds to Litir 1,252. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

A bheil sibh eòlach air Caisteal Chill Ràthaig? Tha e eadar Inbhir Nis agus Inbhir Narann. Ach chan eil e furasta fhaicinn. **Cha chreid mi gum faicear e** bho rathad mòr sam bith. A dh'aindeoin 's nach eil e cho ainmeil an-diugh, tha eachdraidh mhòr aige, gu h-àraidh ann an co-cheangal ri ar-a-mach nan Seumasach anns an ochdamh linn deug.

Ann am Beurla, canaidh daoine 'Kilravock Castle' ris. Tha an t-ainm air fhuaimneachadh 'kil-ROK', ach tha e air a sgrìobhadh K-I-L-R-A-V-O-C-K. Anns an treas linn deug, bha e air a sgrìobhadh 'Culravock'. Mar sin, ged a tha coltas air an ainm gur e 'Cill Ràthaig' a th' ann – 'the church at the small circular fort' - 's dòcha gur e 'Cùl' a bu chòir a bhith ann an àite 'Cill'. Math dh'fhaodte 'the place behind the small circular fort'.

Tha e coltach gun robh 'bh' anns an dàrna eileamaid, air fhuaimneachadh mar 'v'. Ach mun àm a ruigeas sinn an còigeamh linn deug, 's e 'w' a chithear an àite 'v' anns an ainm. Agus an uair sin, tha eadhon an 'w' a' falbh. Tha mapa ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a chaidh a tharraing ri chèile goirid an dèidh Blàr Chùil Lodair. Air a' mhapa sin, tha an caisteal air a chomharrachadh, le ainm air a sgrìobhadh C-U-L-R-A-I-C-K. 'Cùl Ràthaig' an àite 'Cill Ràthaig', math dh'fhaodte. Tuilleadh mun mhapa sin ann am mionaid no dhà.

Ach beagan mun chaisteal an toiseach. Tha e na thogalach drùidhteach. Tha tùr còig-ùrlarach ann. Tha e letheach slighe eadar dà chaisteal chudromach eile – Caisteal Dhealgan Ros (*Dalcross Castle*) agus Caisteal Chaladair (*Cawdor Castle*). Tha Caisteal Chill Ràthaig suidhichte air mullach droma gu tuath air Uisge Narann. Tha an oighreachd gu math torrach, le measgachadh de dh'achaidhean, pàircean agus coille oirre.

Tha an caisteal fhathast na sheasamh, le daoine a' fuireach ann. Ach tha e a' dol air ais gu ceithir cheud deug is seasgad (1460). Gu o chionn ghoirid, bha e ann an làmhan an aon teaghlaich fad na h-ùine sin – na Ròsaich no *Roses*.

Dh'fhàs Caisteal Chill Ràthaig **rudeigin ainmeil** ann an co-cheangal ri Blàr Chùil Lodair. Tha e air a shealltainn air mapa a chaidh a tharraing ri chèile goirid an dèidh a' bhlàir, ann an seachd ceud deug, ceathrad 's a sia (1746) le fear Iain MacFhionnlaigh. Bha MacFhionnlaigh a' toirt taic do na Seumasaich, ach chan eil

adhbhar ann a bhith a' smaoinichadh nach eil am fiosrachadh air a' mhapa an ìre mhath ceart.

Carson a tha Caisteal Chill Ràthaig cho cudromach anns a' ghnothach seo? Uill, mar a tha MacFhionnlaigh a' sealltainn air a mhapa, an oidhche ron bhatail ainmeil, chaidh armailt Sheumasach a dh'ionnsaigh Inbhir Narann. Sin far an robh armailt mhòr an riaghaltais a' campachadh.

Bha na Seumasaich a' dol a thoirt ionnsaigh orra. Ach stad iad mus do ràinig iad Inbhir Narann agus thill iad a Chùil Lodair. Tha gu leòr dhen bheachd gur e an 'caismeachd-oidhche' sin as coireach gun do chaill iad aig Cùil Lodair. Agus càite an do thionndaidh iad? Thionndaidh dìreach gu tuath air Caisteal Chill Ràthaig.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Caisteal Chill Ràthaig: *Kilravock Castle*; math dh'fhaodte: *perhaps*; Dealgan Ros: *Dalcross*; Caladair: *Cawdor*; torrach: *fertile*; Blàr Chùil Lodair: *The Battle of Culloden*; Iain MacFhionnlaigh: *John Finlayson*; an ìre mhath ceart: *pretty much correct*.

**Abairtean na Litreach:** gu h-àraidh ann an co-cheangal ri ar-a-mach nan Seumasach: *particularly in connection with the Jacobite rebellion*; mun àm a ruigeas sinn an còigeamh linn deug: *about the time we reach the fifteenth century*; tha mapa ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba a chaidh a tharraing ri chèile goirid an dèidh Blàr Chùil Lodair: *there is a map in the National Library of Scotland that was drawn up shortly after the Battle of Culloden*; tha an caisteal air a chomharrachadh: *the castle is marked*; tha e na thogalach drùidhteach: *it's an impressive building*; suidhichte air mullach droma gu tuath air Uisge Narann: *situated on the top of a ridge north of the River Nairn*; chan eil adhbhar ann a bhith a' smaoinichadh nach eil am fiosrachadh air a' mhapa an ìre mhath ceart: *there is no reason to be thinking that the information on the map is not substantially correct*; ann an làmhan an aon teaghlaich fad na h-ùine sin: *in the hands of the same family all that time*; chaidh armailt Sheumasach a dh'ionnsaigh Inbhir Narann: *a Jacobite army went towards Nairn*; far an robh armailt mhòr an riaghaltais a' campachadh: *where the great government army was camped*; tha gu leòr dhen bheachd gur e an 'caismeachd-oidhche' sin as coireach gun do chaill iad aig Cùil Lodair: *many people reckon that the 'night-march' was responsible for them losing at Culloden*; thionndaidh dìreach gu tuath air X: *[they] turned just north of X*.

**Puing-chànain na Litreach:** Cha chreid mi gum faicear e: *I don't think it can be seen*. Literally, this means 'I don't think (or believe) it will be seen' but the future tense of the irregular verb 'faic' (see) is also used to mean 'can see'. Chì mi na beanntan can mean 'I will see the mountains' or 'I can see the mountains' (context will differentiate the two). This also operates with passive verbal forms e.g. chithear na beanntan 'the mountains can be seen'; tha mi an dùil gum faicear na beanntan 'I expect the mountains will be [able to be] seen'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** rudeigin ainmeil: *somewhat famous*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinichadh le MG ALBA